

Gàidhlig sa Choimhearsnachd ann am Baile a' Chaisteil

Amelia

Norrag Bheag



Seo an ceabain a tha againn sa ghàrradh agus tha ainm a' cheabain mar shamhla den Gàidhlig dhomh oir bidh daoine a tighinn a fhuireach ann agus tha sinn an dòchas gum bi deagh chadal aca an seo!

Gàidhlig nam Choimhearsnachd



Chì mi Gàidhlig mun cuairt orm a h-uile là ann am Barraigh is Bhatarsaigh air na soidhnichean rathaid.

Dualchas Bharraigh



‘S e soidhne Gàidhlig a tha seo airson togalach an Dualchais ann am Bàgh a’ Chaisteil. ‘S e togalach làn Ghàidhlig a tha seo. Uaireanan bidh mi a cluich mo bhogsa-ciùil ann nuair a tha cèilidhean aca. Nuair a tha mi a dhol dhan Dualchas bidh mi a bruidhinn tòrr Gàidhlig.

Ainmean Àite



Bidh mi a' dol seachad air an soidhne seo a h-uile là agus tha e mar shamhla dhen Ghàidhlig dhomh. Is toil leam an ainm Baile na Creige agus 's e deagh àite a th'ann cuideachd!

A' Phìob



Is mise Calum is bidh mi a cluich a' phìob. Bidh mo sheanair gam theagasg is bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig còmhla. I stoil leam am port *Cailleach an Dudain*. 'S e port cruinn a th'ann. Tha seo a' riochdachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd agam oir tha tòrr daoine ann a tha an sàs le ceòl na pìoban agus bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig nuair a tha sinn uile còmhla. Tha a' mhòr chuid de na tha sinn a cluich nam fuinn Gàidhlig.

M'fhidheall



Seo m'fhidheall agus tha i a' riochdachadh Gàidhlig dhomh oir bidh mi a cluich tòrr fuinn is òrain Ghàidhlig oirre. Nuair a tha leasainean fidheall agam bidh sinn a bruidhinn ann an Gàidhlig ri chèile. Is toil leam a bhith a cluich 'Rathad Chaluim'.

Cànan mo Dhachaigh



Tha ainmean àite ann am Barraigh làidir le Gàidhlig. Chì mi a h-uile là iad agus tha iad a seasamh airson an cànan a tha air a bhith ann son linntean.

Place names in Barra are strongly connected to Gaelic. I see them every day and they stand for the language that has been here for centuries.

M' fhidheall



Seo an fhidheall agam. Tha i a' riochdachadh Gàidhlig dhomh oir bidh mi a cluich port is òrain Gàidhlig oirre agus nuair a tha leasainean agam bidh mi a' bruidhinn ann an Gàidhlig ris an tidsear.

Mo Bhogsa



Is mise Kian agus seo mo bhogsa-ciùil. Tha i a' riochdachadh Gàidhlig dhomh oir bidh mi a cluich port is òrain Ghàidhlig oirre. Is toil leam a bhith a cluich '*S truagh nach do dh'fhuirich mi tioram air tìr.*

Dòchas Dannsair



Seo mo bhrògan dannsaidh agus tha iad a' riochdachadh Gàidhlig dhomh oir nuair a tha mi a' dannsadh aig cèilidh bidh mi tric a' bruidhinn Gàidhlig. Tha ainm Gàidhlig air an sgoil Dannsaidh - Dòchas Dannsairean. 'S e pàirt mhòr den chultair Gàidhealach a th'ann an dannsadh Gàidhealach.

Greim @ Grinn



Seo àite bìdhe mo mhàthair. Thagh m'antaidh ainm Gàidhlig air a shon oir 's e teaghlach làn Ghàidhlig a th'annainn air eilean làn Ghàidhlig.

Bùth a' Bhùidseir



Seo Bùth a' Bhùidseir ann am Bàgh a' Chaisteil. Tha seo mar shamhla den Ghàidhlig dhomhoir bidh mi a bruidhinn Gàidhlig nuair a tha mi an seo.

Greim @ Grinn



Seo àite far am b'urrainn dhut biadh fhaighinn agus 's urrainn dhut Gàidhlig a bhruidhinn an seo. Bidh mo phàrantan ga ruith agus tha deagh Ghàidhlig aig mo phàrantan.